

Bòrd MG ALBA

Scotch & Wry, PQ, Glaschu
Diardaoin 22 Gearran 2018, 1000-1330

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:

Magaidh Choineagan (<i>sa Chathair</i>)	Calum MacFhearghais
Iain Stephen Moireasdan	Daibhidh Brew
Donaidh MacAmhlaidh	Catriona Nic a' Phì
Jo NicDhòmhnaill	Dùghall MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Nicola Pearson (*Cunntasair Stiùiridh*)
Katie NicLeoid (*a' gabhail gearr-chunntas*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*) airson puingean 8-19

1. Leisgeulan

Màiri Kidd.

2. Gnothach Dearbhte

Mhìnich Catriona Nic a' Phì gun robh i ag obair air prògram airson Bees Nees air a mhaoineachadh le MG ALBA.

Mhìnich Jo NicDhòmhnaill gun robh i ag obair air prògram airson Bees Nees, maoinichte le MG ALBA agus cuideachd gun do ghabh i àite air Bòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig, a bhios a' tòiseachadh sa Mhàirt 2018.

Bha cead a' Chathraiche air a dhearbhadh mar a tha am poileasaidh a thaobh a bhith a' gabhail pàirt pàighte ann am prògraman maoinichte le MG ALBA ag iarraidh.

3. Geàrr-chunntas nan coinneamhan mu dheireadh

a. **23/11/17** - Aontaichte.

b. **18/12/17** - Aontaichte.

c. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh

- i. Fhathast a' feitheamh cluinntinn bho Steve Morrison, Ball a' BhBC ann an Alba, mu choinneamh leis a' Chathraiche
- ii. Dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear gu sgaoileadh e fios gu buill mu chosgais gach uair (cost per hour) (Gnìomh: DC)
- iii. Dh'aontaich an t-Àrd-Oifigear gun cuairteachadh e an tuilleadh fiosrachaidh gu buill mu thachartasan (Gnìomh: DC)
- iv. Chaidh aontachadh gu bheil App nam Ball ag obair fìor mhath le na pàipearan uile rin lorg san aon àite
- v. Dh'fhoillsich Stiùiriche Ionmhais gum biodh ùrachadh ga dhèanamh air a' Phlana Obrachaidh 2018/19, a' gabhail a-steach £500,000 a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba

4a. Aithris bhon Chathraiche

Chomharraich an Cathraiche cho math 's a bha e Leas-Phrìomh Mhinistear na h-Alba fhaicinn aig duaisean FilmG, air 9/2/18. Bha còmhradh fheumail aca, leis a' Mhinistear a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e obraichean a ghleidheadh ann an sgìrean iomallach.

Chaidh còmhradh a chumail mu ciamar a b' urrain do MG ALBA taic a thoirt gu leasachadh a dhèanamh san roinn seo gus obraichean didseatach, le àrd chomasan, a chruthachadh agus a bhrosnachadh ann an sgìrean iomallach agus òigridh a chumail sna h-eileanan. Chaidh moladh gun coinnicheadh an t-Àrd-Oifigear ri buidhnean leithid Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Skills Development Scotland, Scottish Funding Council agus Alba Chruthachail gu beachdachadh air an t-slighe air adhart. Chomharraich Daibhidh Brew gum biodh e feumail gu h-àraidh coinneachadh ri Ceannard Foghlam Film aig Alba Chruthachail. (Gnìomh: DC)

4b. Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean (23/1/18)

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 23/1/18.

Dh'innis an t-Àrd-Oifigear gur iad Uist Films a bha soirbheachail ann a bhith a' buannachadh cùmhnant LearnGaelic gus bhidiothan goirid a chruthachadh agus chaidh beachdachadh air ceangal a dhèanamh eadar Learn Gaelic agus Glossika.

4c. Aithris bho Cathraiche Chomataidh Ainmeachaidh (23/1/18)

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 23/1/18.

Dh'innis an Cathraiche gun deach Cumhaichean Iomraidh aontachadh agus gun tèid geàrr-chunntas a sgaoileadh gu buill, a thuilleadh air Meatrags Sgilean. (Gnìomh: MAMI)

4d. Aithris bho Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhadh (1/2/18)

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 1/2/18.

Mhol Cathraiche na Comataidh ri buill gum biodh e nas èifeachdaich nam biodh iad uile an làthair aig Bùth-obrach Riosg air 22/3/18.

Dh'innis Cathraiche na Comataidh gu bheil e ag obair cuide ri *Screen Unit* Alba Chruthachail air Fo-chomataidh a' Bhùird a tha ag amas air targaidean deuchainn-chluiche agus gun do mhol e don chomataidh gun gabhadh MG ALBA pàirt.

Thugar an aire gun robh àireamh 13 agus 14 a dhìth bhon gheàrr-chunntas, ach cha robh ann ach mearachd le àireamhan, cha robh puingean a dhìth. (Gnìomh: MAMI)

5. Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha aithisg air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riarachta agus dh'innis an t-Àrd-Oifigear gu robh e an dòchas coinneachadh ri David Mundell BP a dh'aithghearr.

6. Cunntasan Stiùiridh

Bha na Cunntasan Stiùiridh air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra. An dèidh beagan deasbaid, bha buill riarachta.

7. Measadh Chunnartasan

Chaidh dearbhadh gu bheil Buidheann-obrach Chorporra Riosg air tòiseachadh, leis an Oifigear Gnìomhachais mar Chathraiche, le taic bhon taobh a-muigh. Bha buill riarachta agus chaidh ainmeachadh cho cuideachail 's a bha e gun tug gach manaidsear aithris air na cunnartan a tha leothasan.

Chaidh puing a thogail gu bheil dà chunnart air am bu chòir a bhith mothachail: 1) Dòigh-ghiùlain mhì-iomchaidh agus 2) Pàigheadh Cothromach. Chaidh a dhearbhadh gu bheil Poileasaidh Pàigh Co-ionannachd aig MG ALBA ach gun tèid ùrachadh ron ath choinneamh agus thèid iarraidh air an Neach-chomhairleachaidh HR sgrùdadh a dhèanamh airson dearbhadh gu bheil am buidheann mothachail air dòigh-ghiùlain mhì-iomchaidh (Gnìomh: DC)

8. Slat-tomhais agus frèam-measaidh phrògraman

Bha trì pàipearan air beulaibh bhall; Clàr le na 25 prògraman as àirde agus as ìsle a thaobh ruigse ann an 2017; Clàr le fios mu ruigse/ìre toileachais prògraman airson Clàr an Fhoghair; agus Clàr le fios mu ruigse/ìre toileachais prògraman airson Clàr na Nollaig.

An dèidh còmhradh mu na prògraman a fhuair àireamhean ruigse as àirde agus as ìsle chaidh aontachadh gum bu chòir pàipear eile a chruthachadh a bhios a' sealltain measadh, bho Sgioba Phrògraman, air mar a choilean nam prògraman a chaidh an clàradh amasan an Lèirsinn – na deich a bu shoirbheachail agus na deich nach robh soirbheachail gach cairteal. (Gnìomh: IMT)

Chaidh ceist a thogail an gabhadh àireamhan iPlayer a chuir cuide ri àireamhan luchd-coimhid na seanail agus dh'aontaich an Ceannard Seirbheis gam faigheadh i a-mach bhon BBC am biodh seo comasach. (Gnìomh: IMT)

An dèidh còmhradh mu na bhios BBC ALBA a' clàradh aig Celtic Connections chaidh aontachadh gum bu chòir bruidhinn ri ceannardan na seanail ùr, BBC Scotland, airson aonta fhaighinn air na bhios an dà seanail a' frithealadh aig an fhèis thairis air na bliadhnaichean ri teachd. (Gnìomh: IMT)

9. Co-bhanntachd BBC ALBA

a. Lèirmheas air seirbheisean taic

Bha pàipear air beulaibh bhall agus an dèidh beagan deasbaid, bha buill riarachta.

b. Pròiseactan

Bha pàipear air beulaibh bhall. Bha buill riarachtaichte agus chaidh innse gun cruthaicheadh an Deasaiche Seanail pàipear le diofar molaidhean airson Tasglann Didseatach. (Gnìomh: DC)

c. Adhartas le còmhraidhean

Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachtaichte.

10. Studio Alba: Prògraman chloinne, trèanadh agus buaidh eaconamach

Bha pàipear air beulaibh bhall agus dh'innis an Stiùiriche Ionmhais mu na cosgaisean agus na còmhraidhean a tha a' gabhail àite mu bhith a' gabhail Studio Alba air màl.

Chaidh beachdachadh air obraichean agus air a' bhuidhe a bhiodh aige air daoine ag obair ann an roinn na cloinne an-dràsta ann an Glaschu. Chaidh beachdachadh air cothroman eile a thigeadh bhon studio; leithid sgilean ùra agus cothroman trèanaidh; cuideachd cothroman preantasachdan; a bharrachd air cothroman airson prògraman studio a chlàradh ann gu furasta.

Bha buill deònach taic a thoirt don phlana seo agus chaidh aontachadh le buill gum bu chòir MG ALBA agus CnES còmhraidhean a chumail. (Gnìomh: NMG)

11. Plana Obrachaidh 2018/19

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh an t-Àrd-Oifigear tro na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh sa Phlana Obrachaidh.

Chaidh puing a thogail gu bheil aon bhuidseat mòr ann, Content (£10.9m) agus gun gabhadh an buidseat seo a bhriseadh sìos gu buidseat nas lugha a rèir na cinn cosgais a bha sa Phàipear Taic. Chaidh aontachadh ris.

Chaidh deasbad a chumail mun cheann-cosgais "idents" agus chaidh aontachadh £150k a ghluasad a-mach à buidseat "Graphic Idents" gu buidseat "Repeats, Rights & Contingencies". Bhiodh sin a' ciallachadh nam biodh MG ALBA gu bhith a' pàigheadh airson "idents" gu feumadh pròiseas a chumail a rèir Riaghailtean Ionmhasail na buidhne airson maoin a ghluasad eadar bhuidseatan. (Gnìomh: NMG)

12. Poileasaidhean

Bha na poileasaidhean a leanas mu choinneamh bhall airson aonta:

- Poileasaidh IT - aontaichte
- Poileasaidh Innsearachd – bu chòir am poileasaidh a bhith air ùrachadh a’ toirt iomradh air Dòigh-ghiùlain mhì-iomchaidh
- Poileasaidh an aghaidh Brìbearachd – aontaichte, ach gu bheil feum air Manaidsear Gèillidh a chuir an cois
- Sgeama Tiomnachaidh agus Rianachd - aontaichte
- Gnàth-riaghailtean na buidhne – aontaichte le na h-atharraichean ann an dearg agus le *definition of Nominations Committee* ga chur ri puing 11.1 air duilleag 8.

13. Cùmhnantan airson aonta a’ Bhùird (seachad air £100k san uair)

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair, aonta a’ Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh aonta a’ Bhùird airson “Func”, sreath pilot comadaidh ùra 4 x 30 le Woven Thread aig cosgais [GLÈIDHTE: FIOSRACHADH COIMEARSALTA]. Chaidh seo aontachadh.

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh taic a’ Bhùird airson Pasgan Ceòl & Tachartasan, ged nach eil aonta a bhùird a dhìth, tha e na chleachdadh leis gu feum an Cathraiche aontachadh ri cosgaisean seachad air £500k. Chaidh seo aontachadh. Dh’iarr buill gu faigheadh iad tuilleadh fiosrachaidh ag innse dè na pìosan den Lèirsinn 2021 a bha prògram a’ coileanadh nuair a dheigheadh aonta iarraidh bhuapa bho seo a-mach. (Gnìomh: IMT)

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh aonta a’ Bhùird airson “An Iolaire: Tha Thu air Aigeann M’ inntinn”, prògram beò-dhealbhan ùra 1 x 5’ le Catriona NicilleDhuibh aig cosgais [GLÈIDHTE: FIOSRACHADH COIMEARSALTA]. Chaidh seo aontachadh.

14. Conaltradh (le measadh le slatan-tomhais aig ìre coileanaidh) agus Inbhe na Gàidhlig

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gu bheil tuilleadh obair ri dhèanamh gus feòil a chur air na cnàmhan aig a’ phàipear seo gus an gabh barrachd còmhraidh a dhèanamh. (Gnìomh: DC)

15. Lèirsinn 2021

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sùil ràitheil air adhartas a dh'ionnsaigh toraidhean an Lèirsinn agus chaidh deasbad goirid a chumail.

16. Sgrùdadh in-thaigh

Bha pàipear air beulaibh bhall ag innse adhartasan Sgrùdadh In-thaigh agus an clàr-ama a thathas a' moladh. Chaidh seo aontachadh agus chaidh a chomharrachadh gum biodh buill an làthair aig Bùth-obrach Riosg air 22/3/18.

17. Aithisgean air dèanadas – Q3 2017/18

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh.

18. GISBE

Chaidh aontachadh gun deidheadh an Meatrìgs Sgìlean a sgaoileadh gu buill gu h-eileagtronaigeach. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh gum biodh e ciallach coinneamh bùird eile a chumail ann an Ìle, seachd gum bi buill uile còmhla an sin airson an tachartais. (Gnìomh: MAMI)

19. Deit agus ionad na h-ath choinneimh: 19/4/18, Ìle

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: